



**CROFTING COMMISSION
COIMISEAN NA CROITEARACHD**

COIMISEAN NA CROITEARACHD POILEASaidh TÀILLE AIRSON FIOSRACHADH

TIONNDADH 0.8

Ath-sgrùdadh deireannach: An Dàmhair 2020
An Ath Ath-sgrùdadh: An Dàmhair 2021

FARSAINGEACHD

Tha am pàipear seo a' toirt iomradh air na tàillean a tha Coimisean na Croitearachd a' cleachdadh airson fiosrachadh a sholarachadh, a' còmhachadh Achd Saorsa Fiosrachaidh na h-Alba 2002 (FOISA) agus Riaghailtean Fiosrachaidh Àrainneachdail 2004 (EIR).

CHAN EIL SINN A' CUR TÀILLE AIR MÒR-CHUID DE FHIOSRACHADH

- Tha 3 seòrsaichean iarrtasan a bhios sinn a' faighinn agus ris am bi sinn a' dèiligeadh:
 - Iarrtasan sìmplidh a tha a' toirt nas lugha na latha an giullachd (bidh iad sin air an giullachd an-asgaidh).
 - Iarrtasan nas motha agus nas toinnte, far as dòcha a dh'fheumas sinn tuairmse den chosgais a bhios agad ri phàigheadh a thoirt dhut, mus toir sinn seachad am fiosrachadh.
 - Iarrtasan fìor mhòr as dòcha nach bi e comasach dhuinn a ghiullachd.
- Faicibh [Eàrr-ràdh A](#) airson ar clàr thàille.

DÌON DÀTA – FIOSRACHADH MUD DHEIDHINN FHÈIN

- Cha bhì sinn gu h-àbhaisteach a' cur tàille airson giullachd no solarachadh fiosrachadh.

ACHD SAORSA FIOSRACHAIDH (ALBA) (FOISA)

- Cha bhì sinn a' cur tàille airson fiosrachadh fo FOISA. Ach, ma bhios tuairmse againn gun cosgadh e £600 no barrachd don Choimisean airson fiosrachadh a chaidh iarraidh a chur ri chèile fo FOISA, cha toir sinn seachad e. Anns a leithid sin de chùisean, bruidhnidh sinn ribh mu dhòighean air meud an iarrtais a lùghdachadh, gus an gabh e a ghiullachd.

OBRACHADH A-MACH COSGAIS FIOSRACHAIDH FO FOISA

- Ann an dèanamh tuairmse air a' chosgais, gabhaidh sinn a-steach na cosgaisean uile a thathar coltach a tharraing, ann an:
 - Dearbhadh a bheil am fiosrachadh a chaidh iarraidh againn
 - Lorg an fhiosrachaidh no pàipearan sa bheil am fiosrachadh
 - Faighinn a leithid sin de fhiosrachadh no pàipearan, agus
 - Toirt an fhiosrachaidh às a' phàipear anns a bheil e (a' gabhail a-steach dubhadh às fiosrachadh).

- San obrachadh a-mach, cha bhi sinn a' gabhail a-steach cosgais na h-ùine a tha sinn a' caitheamh a' co-dhùnadh a bheil no nach eil e gu math a' phobaill am fiosrachadh seo fhoillseachadh.

RIAGHAILTEAN FIOSRACHAIDH ÀRAINNEACHDAIL (EIR) – FIOSRACHADH MUN ÀRAINNEACHD NO CÙISEAN A' TOIRT BUAI DH AIR

Dh'fhaodadh gun tèid tàille reusanta a chur fo Riaghailtean Fiosrachaidh Àrainneachdail airson fiosrachadh a sholarachadh. Dh'fhaodadh gum bi seo a' gabhail a-steach fìor chosgaisean na h-ùine a thug luchd-obrach a' lorg an fhiosrachaidh agus ga chur ann an cruth iomchaidh airson fhoillseachadh, agus cosgaisean an lùib eadar-ghluasad an fhiosrachaidh chun an neach a dh'iarr e.

NA NITHEAN AIR AM BI TÀILLE

Tha dà sheòrsa de ghnìomhachd fo EIR air an urrainn ùghdarrasan poblach tàille a chur:

- 1 Cosgais ùine luchd-obrach air a chaitheamh a' lorg, a' faighinn agus a' tarraing às fiosrachadh.
- 2 Cosgaisean air an tarraing nuair a thathar a' clò-bhualadh no a' lethbhreacadh an fhiosrachaidh agus ga chur chun an tagraiche.

Feumaidh an Coimisean a bhith comasach a thaisbeanadh carson a tha tàille reusanta ann an suidheachadh sònraichte. Feumaidh an Coimisean briseadh sìos a thoirt seachad air na cosgaisean gus an tuig an neach-iarraidh bun-adhbhar na tàille.

NA NITHEAN AIR NACH BI TÀILLE

Tha trì cosgaisean air nach urrainn an Coimisean tàille a chur:

- 1 Cosgaisean an lùib cumail suas clàr fiosrachaidh no stòr-dàta.
- 2 Cosgaisean rianachd (m.e. cosgaisean nas fharsainge luchd-obrach).
- 3 Ùine luchd-obrach ag ath-sgrùdadh fiosrachaidh (ged a tha suidheachaidhean far am faodar cunntas a ghabhail air ùine luchd-obrach aig àm beachdachaidh a bheil iarrtas Draghail / Anabarrach Mi-reusanta, air sgàth an uallaich aibheiseach a tha e a' cur air goireas agus ùine luchd-obrach).

Chan urrainn dhuinn tàille a chur air luchd-iarraidh nas mò airson fiosrachadh a sgrùdadh no airson cothrom fhaighinn air clàran poblach no liostaichean de fhiosrachadh àrainneachdail.

Chan urrainn don Choimisean tàille a chur gu sònraichte airson cothrom a cheadachadh air fiosrachadh san togalach. Ach, tha EIR a' cheadachadh don Choimisean tàille a chur airson cosgaisean fhaighinn air ais an lùib lorg an fhiosrachaidh agus ga chur an òrdugh gus a dhèanamh deiseil airson a sgrùdadh. Feumaidh tàille a tha dèante airson lorg agus tionadaladh an fhiosrachaidh a bhith 'reusanta'.

Ma tha am fiosrachadh air a chumail ann an siostam a tha a' cheadachadh ruigsinneachd shìmplidh leis a' phoball, chan eil coltas gum biodh tàille reusanta. Ma tha neach ag iarraidh sgrùdadh air stuth a tharraingeadh cosgais chudromach mu choinneamh ullachadh airson an sgrùdaidh, tha EIR a' cheadachadh don ùghdarras tàille a chur.

TÀILLEAN

Feumaidh clàr foillsichte de thàillean a bhith aig ùghdarrasan poblach airson a bhith comasach air tàille a chur air tagraichean a thaobh fiosrachadh àrainneachdail. Faicibh [Eàrr-ràdh A](#) airson an reat làithreach a bhios an Coimisean a' cleachdadh.

STÀIRSNEACH THÀILLEAN

Cha chuir an Coimisean tàille airson iarrtasan EIR ach far a bheil an ùine a bheir e a' coileanadh an iarrtais, air a thuairmseadh gu bhith barrachd air 1 latha obrach (7:30 uairean). Is e seo measadh a' Choimisein air stairsneach chothromach gus cheadachadh don mhòr-chuid de dh'iarrtasan a bhith air an làimhseachadh gun tàille (agus mar sin cumail ris an riatanas gun cheadachadh do thàille a bhith air fhaicinn mar chulaidh-bhacaidh air iarrtasan), agus mar an ceudna gus goireasan a' Choimisein a dhìon an aghaidh iarrtasan mòra agus toinnte.

Mar a chaidh aithris, bu chòir don luchd-obrach clàr chosgaisean a' Choimisein a chleachdadh gus tuairmseadh dè cho fada 's a bheir gèilleadh do dh'iarrtas. Ma bhios gèilleadh do dh'iarrtas a' toirt nas fhaide na stairsneach 1 latha obrach, thèid tàille a chur air an neach-iarraidh airson na h-àireimh iomlan de dh'uairean a thìde a tha e a' toirt gus an t-iarrtas a choileanadh. Mar eisimpleir, ma tha e air a thuairmseadh gun toir gèilleadh do dh'iarrtas 8 uairean a thìde, thèid tàille a chur air an neach-iarraidh airson 8 uairean a thìde, agus chan ann dìreach airson an 30 mionaid a tha seachad air an stairsnich.

ANABARRACH MÌ-REUSANTA

Far a bheilear air tuairmseadh gun toir gèilleadh do dh'iarrtas nas fhaide na 18 uairean a thìde, beachdaichidh an Coimisean a bheil an t-iarrtas Anabarrach Mì-reusanta fo Riaghailt 12(4)(b) de EIR, agus cleachdar nam modhan-obrach a th' ann

airson sin a dhèanamh; a' gabhail a-steach cur an gnìomh air Deuchainn Ùidh Phoblaich agus solarachadh comhairle is cuideachadh don neach-iarraidh gus farsaingeachd an iarrtais aca a lùghdachadh.

PÀIGHEADH CHÌSEAN

- Innsidh sinn dhuibh an tàille thairmsichte mus dèanar pàirt sam bith den obair air a bheil an tàille.
- Far a bheil tàille na lùib, bidh sinn ag iarraidh pàigheadh mus cuir sinn am fiosrachadh ri chèile. Gabhaidh sinn ri pàigheadh le seic no òrdugh puist.
- Mura pàigh thu taobh a-staigh trì mìosan bho fhuair thu fios mun tàille, thèid an t-iarrtas a dhùnadh.

Chan eil sinn a' cur tàille airson fiosrachadh a sholarachadh ann an cruth eile, ma tha thu còmhdaichte leis an Achd Lethbreith Ciorraim.

EÀRR-RÀDH A

CLÀR THÀILLEAN

Tha an clàr a' còmhdach nan reataichean làithreach a tha an Coimisean a' cleachdadh airson fiosrachadh a sholarachadh fo iarrtas shònraichte:

- Lethbhreacadh/Clò-bhualadh:
 - A4 (d is g) 10sg gach taobh clò-bhuailte
 - A3 (d is g) 20sg gach taobh clò-bhuailte
 - A4 (dath) 30sg gach taobh clò-bhuailte
 - A3 (dath) 60sg gach taobh clò-bhuailte
- CD/DVD – £1.50 gach Clàr
- £15 – mar an reat uarach airson luach ùine luchd-obrach obrachadh a-mach.
- Dh'fhaodadh gun gabh an Coimisean na gnìomhachdan a leanas a-steach fo luach ùine luchd-obrach, a chruthaicheas a' bhunait airson tuairmse sam bith air tàille:
 - Ath-sgrùdadh puist-d
 - Sgrùdaidhean fhaidhlichean taobh a-staigh stòr lionra is faidhle
 - Faidhlichean Eachdraidheil (ro 2010):
a' chiad 50 duilleag aig £40, le £1 gach duilleag às dèidh sin
 - Ann an suidheachadh fhaidhlichean Eachdraidheil nas motha:
20 duilleag agus nas lugha aig £10
30 duilleag aig £20
40 duilleag aig £30
 - Sgrùdaidhean phàipearan eile, lethbhreacan pàipeir amsaa.

- Co-chomhairle Treas Phàrtaidh: deasbadan/co-chomhairlean le treas phàrtaidh sam bith a tha fo bhuidh
- Ceanglaichean le Oifigearan
- Logaidh an t-Ionad Gèillidh agus sònraichidh iad oifigear
- Aonta dheireannach airson mionaideachd fiosrachaidh / 'soidhnig dheth'
- Ùine air a ghabhail airson fiosrachadh a dhubhadh às gus an gabh a thoirt seachad mar fhreagairt do dh'iarrrtas.
- Ùine air a ghabhail gus dearbhadh a bheil am fiosrachadh aig a' Choimisean (mura h-eil e còmhdaichte gu h-àrd).
- Ùine air a ghabhail a' lorg an fhiosrachaidh (mura h-eil e còmhdaichte gu h-àrd).
- Ùine air a ghabhail a' faighinn an fhiosrachaidh (m.e. a-mach à stòrachd) (mura h-eil e còmhdaichte gu h-àrd).
- Ùine air a ghabhail airson am fiosrachadh buntainneach a tharraing à pàipearan nas motha (mura h-eil e còmhdaichte gu h-àrd).